teothach 'n uair a bhios an aimsir ni 's fuaire. Tha muinntir dhiadhaidh ni 's trice air an truaill'eadh le ministrealachd an an-diadhaidh no le an-diadhaire air a ghlanadh le beusalachd an duine dhiadhaidh.

3. Tha iad a' rogh nachadh an cunnart as measa roimh 'n a pheacadh as lugha.

Thoisich an duine air a bhi brosnach 'n uair a thoisich e air bhi peacach. Tha cainceal ar beatha air a seideadh as le gaoth ar 'n anmiannan.

Cha-n 'eil aghaidh na diadhachd uair sam bith cho maiseach as tha i 'n uair a tha smugaid maslaich oirre. Bha oranan priosain comh ri fulangasan priosain aig Pòl agus Silas.

'N uair a bhagair Eudosia gu garg Chrysostom le fogaradh as an tir, falbh, arsa esan, agus innis dhi nach 'eil eagal orm o ni sam bith ach peacadh.

4. Tha iad a' brôn ni 's mo air son nan anmiann sin tha a ni 's folaiche air daoine.

Cha dean na peacaidhean sin gu brath Ifrinn air ar son a tha 'n an Ifrinn dhuinn.

Feumaidh sinn a dhol a mach air ar 'n anmiannan ma 's treig sinn iad.

Rinn Pharaoh barrachd bròn air son nam buillean tròm a bha air na air son a chridhe chruaidh a bha ann. Tha so coltach ri sileadh dheur le uinnean, tha 'n t suil a' sileadh do bhrigh i bhi air a ciurradh.

5. Tha iad air an cleachdadh ni 's mo ann bhi rannsachadh an cridheachan na tha iad ann bhi toirt achmhasan do dhaoine eile.

6. Tha iad a' gabhail uile nàire am peacaidhean do 'n ionnsuidh féin agus a' toirt uile ghlòir a seirbhis do Chriosd. "Nach do las ar cridhe 'n taobh a stigh dhinn?" Ach gu dé cho fada 's mhair a lasair? A mhàin fhad 's bha E labhairt riu.

III. Tha 'n treas pairt a' lainnseachadh dleasdanasan a chrios'uidh agus a' toirt seòladh chum [illegible] dhiadhaidh—

1. Dleasdanasan.

Cùm air chuimhne gu bheil sùil an Tighearna air gach gniomh a tha air a dheanamh air thalamh.

Do bhrigh gu'n do chuir a na peacadh na suilean as-ne tha sinn a saoilsinn gu'n do chuir e à Dia iad.

Tha mòran air am beil nàire am peacaidh aideachadh air nach 'eil nàire 'n cur an gnìomh.

2. Cùm air chuimhne gu bheil barrachd spéis aig Dia do bhur cridhe na tha aige do bhur 'n oibre.

Feudaidh daoine 'n oibre chumail aca fhéin ma tha iad a' diùltadh an cridhe do Chriosd.

3. Gu 'n dean greadhnachas a chrùinn bhios air a sheilbheachadh suas barrachd air scarbhas a chrainncheusaidh bhios ri ghiùlan. Mar aon fhiamh o aghaidh Dhé uile dheoir an fhìrean a shialadh air falbh gu bràth.

IV. Anns a phàirt mu dheireadh tha seòlaidhean fallain air an tabhairt chum naomhachd beatha:—

1. Barrachd ann an féin-àicheadh.
2. Ann an Urnuigh.
3. Ann an gràdh.
4. Ann an Creidimh.
5. Ann an eòlas.

Tha e ro-dhuilich fior cheartas a thoirt do 'n leabhar thlachdmhor-sa. Cha b'urrainn sinn ach "sgap as gach seid" a thoirt. Tha e lo làn de neamhnaidean priseil.

'S iad leabhraichean mar so a luigeadh sinn miannach fhaighean o ar cairdean Gaidhealach eadartheangachadh gu Gàilig.